



## Rianachd Chunnartan agus Poileasaidhean

# Poileasaidh So-ruigsinneachd

[A' Cur Co-ionannachd Chothroman an Sàs]

Tha am poileasaidh seo na phàirt den cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

<b>An ceann-latha air an d' fhuair e aonta</b>	04/03/2022
<b>Adhbhar</b>	Gus dèanamh cinnteach gum bi cothroman co-ionann aig daoine a tha a' gabhail pàirt ann an tachartasan a tha gan cumail leis a' bhuidhinn, no às leth na buidhne, a dhol an sàs annta. Tha seo a' gabhail a-steach Fèisean a tha nam buill de dh'Fhèisean nan Gàidheal. Gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd chothroman a thaobh chùisean ruigsinneachd aig a' phoball, luchd-obrach, luchd-obrach saor-thoileach agus luchd-iarrtais nuair a tha iad a' dèiligeadh ri Fèisean nan Gàidheal.
<b>Geàrr-iomradh</b>	Gus dèiligeadh ri no a' cur às do chnapan-starra corporra, sòisealta, ionmhasail, cultarach no eile a chuireadh stad air daoine a dhol an sàs sna Fèisean. 'S iad cothromachd is spèis bun-stèidh a' phoileasaidh seo.

## Fèisean nan Gàidheal

### Poileasaidh So-ruigsinneachd

#### 1. Aithris air a' Phoileasaidh

Tha Fèisean nan Gàidheal air a chur romhainn gum bi cothroman co-ionann aig daoine a tha a' gabhail pàirt ann an tachartasan a tha gan cumail leis a' bhuidhinn, no às leth na buidhne, a dhol an sàs annta. Tha seo a' gabhail a-steach Fèisean a tha nam buill de dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Tha Fèisean nan Gàidheal den bheachd nuair a thèid daoine an sàs sna h-ealain agus cùisean cruthachail gu bheil sin a' cur ri co-ionannachd is iomadachd, agus ri maith muinntir na h-Alba agus eaconamaidh na dùthcha. Tha sinn air a chur romhainn dèanamh cinnteach gum faod duine sam bith (a' gabhail a-steach luchd-obrach, daoine a tha a' gabhail pàirt, luchd-obrach saor-thoileach, cunnradairan agus oidean) a tha ag iarraidh pàirt a ghabhail ann an tachartas sam bith a tha air a ruith le Fèisean nan Gàidheal – agus leis na Fèisean – sin a dhèanamh agus cha toir na leanas buaidh air mar a dh'fhaodas iad pàirt a ghabhail: cinneadh, dath, freumhan cinneachail no dùthchail, suidheachadh pòsaidh, gnè, taobh gnèitheasach, ciorram, aois, ma tha dùil aca ri leanabh no nam pàrant/neach-cùraim, suidheachadh sòisealta, creideamh no ma tha iad a' fuireach ann an sgìre a tha a' fulang bochdainn aig ìre shòisealta agus eaconamach.

Feumaidh Alba Chruthachail cumail ri cumhachan Achd na Co-ionannachd 2010 (an Achd) a chaidh an àite gach achd cheudna a bh' ann roimhe leithid na h-Achd Dàimh Cinnidh 1976, Achd na Leth-bhreith air Sàillibh Chiorraman 1995 agus Achd na Leth-bhreith air Sàillibh Gnè 1975. Gus cuideachadh le bhith a' coileanadh nan dleastanasan aca fon Achd, bidh Alba Chruthachail ag iarraidh air buidhnean a gheibh maoineachadh bhuapa, leithid Fèisean nan Gàidheal, Plana Gnìomh airson Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail (CII) a chur an sàs. Chaidh Plana Gnìomh CII Fèisean nan Gàidheal a dhealbh ann an co-bhuinn ris a' Bhòrd agus an luchd-obrach, agus chuir Alba Chruthachail aonta ris ann an 2016 agus thathar ga chur an gnìomh an-dràsta. Thèid ath-dheasachadh is ùrachadh a dhèanamh air gu cunbhalach airson dèanamh cinnteach gun tèid a chur an sàs mar a bu chòir. Gheibhear e air ar làrach-lìn.

Tha e mar dhleastanas air ar luchd-obrach is buill uile dèanamh cinnteach gu bheil cothrom co-ionann aig a h-uile neach a dhol an sàs ann an cùisean. Ge-tà, tha dleastanasan sònraichte aig Buill de Chomataidhean nam Fèisean (a thaobh nam Fèisean), Ceannard Fèisean nan Gàidheal agus Buill a' Bhùird (a thaobh Fèisean nan Gàidheal).

#### 2. Cothrom air Tachartasan is Clasaichean nam Fèisean

##### 2.1 Cnapan-starra Corporra is Mothachaidh

Bidh tachartasan a tha air an ruith fo sgèith Fèisean nan Gàidheal gan cumail mar as trice ann an toglaichean poblach leithid thallaichean is sgoiltean. Bithear gan taghadh seach gu bheil iad so-ruigsinneach agus furasta an cleachdadh do dhaoine làn-chomasach, daoine nach eil cho comasach air gluasad, daoine aig a bheil dìth mothachaidh (mar bhuidhre no cion fradhairc), agus daoine a tha a' cleachdadh diofar sheòrsaichean uidheim-taice gus gluasad. Thèid innse do dh'Fhèisean nan Gàidheal no luchd-eagrachaidh na Fèise (mar as iomchaidh) mu dhuilgheadasan gluasaid no dìth mothachaidh ro làimh, gus dèanamh cinnteach gum faod daoine a tha a' gabhail pàirt ann am Fèis a dhol an sàs sna tachartasan gu ceart agus gum faod iad conaltradh gu ceart ri luchd-obrach is daoine eile a tha a' gabhail pàirt annta. Thèid tachartasan trèanaidh a chumail gu cunbhalach taobh a-staigh na buidhne a bhios a' cuideachadh luchd-obrach is luchd-obrach saor-thoileach gus tuigsinn mu agus fuasgladh fhaighinn air cnapan-starra corporra is mothachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann do dhaoine a tha a' gabhail pàirt, pàrantan, luchd-obrach eile is luchd-obrach saor-thoileach.

## 2.2 Cnapan-starra Cultarach

'S e prìomh adhbhar na buidhne fèisean ionnsachaidh Gàidhlig a chumail airson nan ealain do chloinn agus daoine òga aois 0 gu 25. Tha a' mhòr-chuid de ar Fèisean a' cur air dòigh tachartasan ann an Gàidhlig agus Beurla, ach bidh cuid a' tabhann thachartasan ann an Gàidhlig a-mhàin. Bhite a' sùileachadh gum biodh pàiste a bha a' dol gu Fèis, air a cumail tron Ghàidhlig, fileanta gu leòr airson a dhol an sàs san Fhèis mar a bu chòir agus gun còrdadh e riutha. Ma tha clann a' dol a ghabhail pàirt ann am Fèis dhà-chànanach, mar as trice bidh aca ri dhol an sàs ann an tachartasan Gàidhlig gu ìre air choreigin, leithid Seinn Ghàidhlig, dràma, clasaichean cànan, msaa. Chan eilear a' coimhead air na cùmhnantan seo mar chnapan-starra gus a dhol an sàs ann an cùisean, oir tha e na amas don bhuidhinn gum bi barrachd thachartasan Gàidhlig ann do chloinn tron Ghàidhlig, gun cuir iad eòlas air dualchas nan Gàidheal agus tha e na amas dhuinn bratach an dualchais sin a thogail taobh a-staigh roinn nan ealain san fharsaingeachd. Bhite a' sùileachadh gum biodh spèis aig daoine a tha a' gabhail pàirt sna Fèisean do chànan is cultar nan Gàidheal, dìreach mar a tha Fèisean nan Gàidheal a' sealltainn an aon seòrsa spèise do chànanan is chultaran eile.

## 2.3 Cnapan-starra a thaobh Bheachdan no Fhaireachdainnean

Tha a' bhuidheann a' feuchainn ri bàidh is tuigse a nochdadh do gach neach a tha a' gabhail pàirt sna Fèisean, is sna tachartasan againn, agus gach neach bhon mhòr-shluagh ris am bi sinn a' dèiligeadh, agus tha sinn a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gum faigh na daoine a tha a' dol an sàs sna Fèisean, no sna tachartasan aig Fèisean nan Gàidheal, tlachd is oideachadh asta.

## 2.4 Cnapan-starra Inntleachdail

Beachdaichidh a' bhuidheann feuch an urrainn do dhaoine le feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd a dhol an sàs sna tachartasan agus tlachd a ghabhail annta agus an urrainn dhaibh conaltradh ri daoine eile a tha a' gabhail pàirt. Ann an suidheachaidhean far nach eilear den bheachd gun urrainn dhaibh, bheir Fèisean nan Gàidheal taic-airgid seachad don Fhèis ionadail airson oide freagarrach agus/no neach-cùraim fhaighinn a bheir taic do na daoine le feumalachdan ionnsachaidh feuch an urrainn dhaibh pàirt a ghabhail ann an tachartasan na Fèise.

## 2.5 Cnapan-starra Ionmhasail

Beachdaichidh a' bhuidheann feuch a bheil cosgais nan tachartasan a' cur casg air daoine bho bhith a' gabhail pàirt annta agus dèiligidh sinn ri sin mar as iomchaidh. Tha prìsean air an cumail aig ìre reusanta, agus mar as trice gheibhear tabhartasan agus lasachaidhean prìs airson teaghlaichean. Cuideachd, dh'fhaodadh gun tabhainn Fèisean nan Gàidheal agus a' mhòr-chuid de dh'Fhèisean cothrom an-asgaidh, no aig prìs nas saoire, air tachartasan nam Fèisean do chloinn bho theaghlaichean aig nach eil mòran airgid.

Feumar gabhail ris, ri linn an t-seòrsa buidseit chuibhrichte a bhios aig buidheann shaor-thoileach, nach bi e daonnan comasach dhaibh làn-chothrom a thabhann don a h-uile duine sa choimhearsnachd air na tachartasan, às bith dè na cnapan-starra a th' ann no nach eil ann, thoradh chosgadh e cus no bhiodh e ro chosgail pàigheadh airson dèiligeadh ris gach cunnart a dh'fhaodadh a bhith ann.

## 2.6

Ma tha neach sam bith den bheachd gun deach dèiligeadh riutha ann an dòigh mhi-chothromach, faodaidh iad a' chùis a thogail sa chiad àite le Cathraiche na Fèise far an do thachair e, no le Ceannard Fèisean nan Gàidheal ma bha Cathraiche na Fèise an sàs sa chùis.

### 3. Cothroman Taobh A-Staigh Fèisean Nan Gàidheal

#### 3.1 Fastadh (A' gabhail a-steach luchd-obrach, cunradairean, oidean agus luchd-obrach saor-thoileach)

Tha Fèisean nan Gàidheal a' gealltainn gun dèilig sinn ris gach tagraiche a chuireas a-steach airson dreuchd taobh a-staigh na buidhne gu cothromach. Tha sinn air a chur romhainn dèanamh cinnteach gun tèid daoine a thaghadh air sgàth 's cho freagarrach 's a tha iad airson na h-obrach is cho comasach 's a tha iad. Tha e na amas dhuinn dèanamh cinnteach nach tèid dèiligeadh ri neach a tha, no a dh'fhaodadh a bhith, na neach-obrach, cunradair, oide no neach-obrach saor-thoileach againn ann an dòigh nas fàbharraiche no nas neo-fhàbharraiche air sàillibh gin de na rudan a leanas: cinneadh, dath, freumhan cinneachail no dùthchail, suidheachadh pòsaidh, gnè, taobh gnèitheasach, ciorram, aois, ma tha dùil aca ri leanabh no nam pàrant/neach-cùraim, suidheachadh sòisealta no creideamh.

Tha poileasaidh fastaidh aig Fèisean nan Gàidheal cuideachd do dhaoine a chleachd a bhith nan eucoraich agus tha e na amas dhuinn gun dèiligear ris gach tagraiche airson obair aig a' bhuidhinn ann an dòigh chothromach, agus nach dèanar leth-bhreith mhì-chothromach air neach ri linn dididh far a bheil ùine gu leòr air a dhol seachad, ach ann a bhith a' cumail ris a' phoileasaidh seo gabhar ealla ris na leanas:

- Am buin an dìteadh ris an dreuchd a thathar a' tabhann?
- Dè cho dona 's a bha an eucoir?
- Dè cho fad 's tha e bhon a rinneadh an eucoir?
- A bheil pàtran ann am beatha an tagraiche far a bheil iad ri eucoir a-rithist is a-rithist?
- A bheil suidheachadh an tagraiche air atharrachadh bhon a rinn iad an eucoir?

Thèid fiosrachadh sam bith a bhios air a thoirt do dh'Fhèisean nan Gàidheal a làimhseachadh a rèir chumhachan ar Poileasaidhean Dìon Dàta is PVG.

Tha e mar dhleastanas cunradail air gach neach-obrach againn uallach a ghabhail airson dèanamh cinnteach gun tèid modhan-fastaidh cothromach a chur an sàs, ach tha dleastanasan sònraichte air a' Cheannard, àrd luchd-obrach eile agus Buill a' Bhùird a tha an sàs ann an cùisean fastaidh, agus air luchd-obrach a tha an sàs ann an rianachd luchd-obrach.

Faodaidh neach-obrach sam bith a tha den bheachd gun deach dèiligeadh riutha ann an dòigh mhì-chothromach bruidhinn ri Ceannard Fèisean nan Gàidheal mun chùis, no ris a' Chathraiche ma tha an Ceannard an sàs sa chùis.

Cha ghabh sinn ri leth-bhreith mhì-chothromach, sàrachadh no geur-leanmhainn, a nì luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, no cuideigin a tha toirt seirbheis do dh'Fhèisean nan Gàidheal no do na Fèisean, air luchd-obrach, tagraichean airson dreuchdan, cunradairean, oidean, no daoine a tha a' gabhail pàirt sna Fèisean. Nì sinn rannsachadh air cùis sam bith a thèid a thoirt gu ar n-aire.

Tha e mar phoileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhuinn, gun dèilig a' bhuidheann, ann an dòigh a tha a' gabhail ealla chàirdeil ri cùisean teaghlach, ri suidheachaidhean pearsanta luchd-obrach nuair a tha iad a' toirt buaidh air an obair aca. Tha poileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal far a bheil sinn a' ceadachadh uairean obrach sùbailte (mar as iomchaidh) agus tha sinn a' tabhann "ùine dheth na àite" do dhaoine air sgàth obair a nì iad dhuinn taobh a-muigh uairean oifigeil na dreuchd aca. Tha Fòrladh Màthaireil is Athaireil rim faotainn, agus tha cead aig daoine ùine a ghabhail dheth airson daoine a tha an urra riutha a chuideachadh, agus ùine a ghabhail dheth nuair a tha bàs ann, agus iad sin uile aca mar chòir.

Bheirear sùil air trèanadh, agus leasachadh proifeiseanta is pearsanta, aig na measaidhean luchd-obrach, agus faodaidh luchd-obrach dha bheil e ceadaichte fòrladh rannsachaidh/leasachaidh a ghabhail no gluasad gu dreuchd eile rè ùine. Thèid beachdachadh air gach nì seo còmhla ris a' Cheannard no am manaidsear a tha os cionn an neach-obrach. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu na poileasaidhean seo agus na modhan-obrach airson seo ann an Leabhran an Luchd-obrach aig Fèisean nan Gàidheal a gheibh a h-uile neach-obrach nuair a thòisicheas iad nan dreuchd, agus san fhiosrachadh as ùr a thèid a sgaoileadh bho àm gu àm.

#### 3.2 Trèanadh

Tha plana trèanaidh aig a' bhuidhinn anns am faod luchd-obrach, luchd-eagrachaidh, luchd-obrach saor-thoileach, oidean agus gu math tric buill den mhòr-shluagh a dhol an sàs. Tha e a' tabhann chùrsaichean goirid air diofar chuspairean buntainneach aig diofar amannan tron bhliadhna.

### **3.3 Margaidheachd**

Nuair a thathar a' deasachadh stuthan margaidheachd airson Fèisean nan Gàidheal, thèid ealla a ghabhail ri comasan dhaoine le ciorraman corporra, mothachaidh, ionnsachaidh no eile agus feumalachdan is gnàth-bheachdan a h-uile duine, mar a tha air a mhineachadh fo 1.3, agus bidh na stuthan sin a' sealltainn Fèisean nan Gàidheal mar bhuidhinn in-ghabhalach a chuireas fàilte air a h-uile duine. Gabhaidh stuthan a thoirt seachad ann an cruthan eile ma thèid an iarraidh.

### **3.4 Sgrùdadh & Measadh**

Tha e na amas do dh'Fhèisean nan Gàidheal gun obraich am poileasaidh seo gu ceart, agus bheir sinn sùil gu cunbhalach air èifeachd a' phoileasaidh; nì sinn seo tro bhith a' measadh thachartasan, agus bheir sinn sùil as ùr air dòighean-obrach a thaobh mar a thathar a' fastadh dhaoine agus a' dèanamh margaidheachd air tachartasan.

### **3.5 Co-chomhairleachadh**

Bidh Fèisean nan Gàidheal a' cumail sùil air reachdas agus stiùiridhean a bhuineas ris gach raon a tha co-cheangailte ri so-ruigsinneachd, a' gabhail a-steach co-ionannachd chothroman, fastadh, in-ghabhail, agus ciorramachd. Tha farsaingeachd eòlais aig Buill a' Bhùird agus tha caochladh dhiofar obraichean aca, agus bidh a' bhuidheann gu tric a' dol gu coinneamhan fiosrachaidh a thèid a chumail le buidhnean is luchd-solair trèanaidh.

### **3.6 Toglaichean**

Chan eil sealbh aig Fèisean nan Gàidheal air toglaichean an-dràsta; tha sinn a' pàigheadh màl do luchd-seilbhe priobhaideach, buidhnean poblach is ùghdarrasan ionadail airson oifisean is seòmraichean eile ann an caochladh sheòrsa thoglaichean bho sheann thoglaichean 'clàraichte' gu oifisean ùra fìor ghoireasach. Tha seo a' ciallachadh 's dòcha nach fhaodar mòran obair leasachaidh a dhèanamh air na toglaichean seo gus am bi iad nas so-ruigsinniche do dhaoine le ciorraman corporra. Gheibhear àiteachan-coinneachaidh air a' chiad làr sna h-oifisean a nì cinnteach gum faod a h-uile neach-tadhail tadhal oirnn.

### **3.7 Dleastanasan & A' Sgrùdadh Chùisean So-ruigsinneachd**

Bheirear sùil as ùr air a' phoileasaidh seo gu cunbhalach agus gu cinnteach ma thachras rudeigin no ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr. Nì am Bòrd Stiùiridh ath-sgrùdadh air a' phoileasaidh, ann an co-bhuinn ris a' Cheannard agus luchd-obrach eile. Bidh luchd-eagrachaidh nam Fèisean cuideachd an sàs san obair seo agus ann an ath-sgrùdadh a nithear, ma thachras rudeigin no ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr.

### **3.8 Leasachadh**

Tha Fèisean nan Gàidheal na bhuidheann adhartach is lèirsinneach a tha air a dhol bho bhith na bhuidheann bheag le luchd-obrach pàirt-thìde gu bhith na bhuidheann a tha air ceann chùisean san roinn le grunn luchd-obrach làn-thìde agus ceudan de dh'òidean, luchd-ciùil is luchd-ealain, luchd-rianachd agus luchd-obrach saor-thoileach ag obair còmhla rinn. Tha a' bhuidheann againn a' sìor thighinn air adhart, agus sinn a' dèanamh ath-sgrùdadh agus a' toirt piseach air ar n-obair, agus bidh an luchd-obrach agus na buill uile a' cur ri ar Planaichean Prògram.

Fèisean nan Gàidheal

An Lùnastal 2021